

# DEISEIL AIRSON CHÙISEAN ÈIGINN?

*Cnatan-mòr pandamach*

**Cruthachadh làrach-lìn fiosrachaidh poblach – Dùbhlann neach-ionnsachaidh**

## Fiosrachadh do thidsearan

### Ro-ràdh

Tha an dùbhlann neach-ionnsachaidh seo air a sholarachadh le Foghlam Alba mar thaic do theagasg foghlam èiginn agus fulangais. Tha e a' toirt dùbhlann do luchd-ionnsachaidh làrach-lìn a leasachadh a bheir fiosrachadh don phoball aig àm briseadh a-mach air sgaoileadh den chnatan mhòr.

Tha a' bhileag 'Fiosrachadh do luchd-ionnsachaidh' a' solarachadh fiosrachadh mun dùbhlann, a' mìneachadh nan gnìomhan, a' toirt eisimpleirean de stòrasan feumail agus a' tabhann cheistean do luchd-ionnsachaidh airson meòrachadh orra.

### Eòlasan agus Builean

- Tha mi ag ionnsachadh cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh, gus mi fhìn agus càch a dhìon agus comas air cron a lùghdachadh nuair a ghabhas sin a dhèanamh. **HWB 1-16a - 4-16a**
- Tha fios agam agus is urrainn dhomh a thaisbeanadh mar a chumas mi mi fhìn agus càch sàbhailte agus mar a fhreagras mi ann an raon de shuidheachaidhean èiginn. **HWB 1-17a - 4-17a**
- Tro rannsachadh agus deasbad, tha mi air cur ri luachaidhean air nithean mheadhanan a thaobh susbaint saidheansail agus buaidhean beusail. **SCN 3-20b**
- Is urrainn dhomh ICT a chleachdadh gu h-èifeachdach ann an diofar cho-theacsaichean tarsainn a' churraicealaim gus fiosrachadh buntainneach fhaotainn, a thaghadh agus a thaisbeanadh ann an raon de ghnìomhan. **TCH 1-03b (also TCH 4-03b)**

### Ga thoirt nas fhaide

Tha an gnìomh seo a' solarachadh co-theacsa airson ionnsachadh eadar-chuspaireil le bhith a' cothlamadh sgilean bho litearrachd, saidheans, teicneòlasan agus cuspairean sòisealta. Dh'fhaodadh e cuideachd a chur an sàs ann an cùis slàinte sam bith a tha gu làithreach a' toirt buaidh air a' choimhearsnachd.

Dh'fhaodadh an gnìomh seo a bhith na phàirt de thionnsgnadh iomairt far am faodadh sgoilearan a bhith ag obair le buidhnean slàinte agus riochdairean NHS nan coimhearsnachdan, gus feumalachdan ionadail a chomharrachadh agus cùisean ruigsinneachd a dheasbad. Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas, dh'fhaodadh iad nì a chruthachadh a tha a' solarachadh taic fìor taobh a-staigh na coimhearsnachd.

Le bhith a' dol an sàs gu h-iomlan ann an leithid sin de phròiseact, bhiodh luchd-ionnsachaidh a' cur an gnìomh prìomh thaobh de bhith deiseil airson chùisean èiginn, a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine fa leth agus coimhearsnachdan air an deagh fiosrachadh.

# DEISEIL AIRSON CHÙISEAN ÈGINN?

*Cnatan-mòr pandamach*

Cruthachadh làrach-lìn fiosrachaidh poblach – Dùbhlann neach-ionnsachaidh

## Fiosrachadh do luchd-ionnsachaidh

### Fiosrachadh mun dùbhlann

Tha thu air d' fhadhadh le riaghaltas na RA gus làrach-lìn a dhealbhadh a bheir am fiosrachadh a dh'fheumas iad don phoball air eagal briseadh a-mach air cnatan-mòr pandamach.

Tha cuid de làraich-lìn le fiosrachadh poblach ann mar-thà ach tha daoine fhathast mì-chinnteach mu na ceumannan a dh'fheumas iad a ghabhail. Ann an agallamh, thuirt iad nach robh fiosrachadh cudromach air a chomharrachadh gu soilleir.

### Ceistean meòrachail

- Dè na neartan agus laigsean a th' ann an làraich-lìn làithreach?
- Ciamar a tha am fiosrachadh air a thaisbeanadh? Dè cho furasta 's a bhiodh e do bhuill na coimhearsnachd fiosrachadh a lorg a tha sònraichte do am feumalachdan?
- Ma tha ceist aig a' phoball, dè cho furasta 's a bhiodh e seo a dhèanamh?
- Ciamar a stiùireadh tu luchd-cleachdaidh chun na làraich-lìn agad? Càite am bu chòir a shanasachadh gus a bhith tarraingeach do na buidhnean uile taobh a-staigh na coimhearsnachd?
- A bheil buidhnean taobh a-staigh na coimhearsnachd a bhiodh a' strì ri làrach-lìn? Ciamar a dhèanadh tu cinnteach gum faigh iad am fiosrachadh?
- Dè na modhan a chleachdadh tu gus togail air prìomh phiosan fiosrachaidh?
- Ciamar a dhèanadh tu cinnteach gu bheil an làrach-lìn agad a' coileanadh nan slatan-tomhais soirbheachaidh?

### Gnìomhan

Rannsaich am fiosrachadh a tha ri fhaotainn air na làraich-lìn air an liosta. Co-dhùin dè am fiosrachadh a tha riatanach don phoball san fharsaingeachd agus beachdaich air dòighean sam faodadh na làraichean a th' ann mar-thà an leasachadh. Cleachd am fiosrachadh seo gus làrach-lìn ùr a dhealbhadh a tha a' solarachadh an fhiosrachaidh ann an dòigh shoilleir chuideachail.

### Stòrasan

NHS RA - <http://www.nhs.uk>

Buidheann Dìon Slàinte - <http://www.hpa.org.uk>

NHS24 - <http://www.nhs24.com>

NHS Fiosraich - <http://www.nhsinform.co.uk>

Dìon Slàinte Alba - <http://www.hps.scot.nhs.uk/>

Ionad Eòrpach airson Casg is Smachd air Galar - <http://ecdc.europa.eu>